

Àireamh Muinntir Fhinn is Dhubhain

Air a leasachadh do chloinn bhon sgeulachd à beul-aithris.



Caractaran:

Fionn

Dubhan

Nighean Dhubhain

Searbhant

24 Saighdearan (faodaidh an t-searbant saighdear a chluiche)

2 shèithean (aon aig gach taobh den stèidse):

Litrichean

Èideadh shaighdearan

Èideadh cheannardan

Èideadh searbanta

Aodach don nighinn

SEALLADH 1

(2 shèithean air an stèidse – astar math eatarra

FIONN na shuidhe air aonan dhiubb, SEARBHANT ri a thaobh

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

DUBHAN air an t-sèithear eile, a NIGHEAN ri a thaobh

*Bidh e follaiseach nach eil FIONN is DUBHAN a' faicinn a chèile
[chan eil iad idir san aon àite])*

Dubhan

(Ri a NIGHINN, litir na làimh)

Leugh seo! Leugh seo! Leugh seo!

Nighean

Dè tha e ag ràdh?

Dubhan

Leugh e!

Nighean

*(ga leughadh) A charaid chòir. Gum meal sibh ur naidheachd!
Tha sibh air duais air leth a bhuanachadh – turas a Hiort
còmhla ri ur deagh charaid, Fionn MacCumhaill. Tha am bàta
a' fagail a' chidhe aig 10 uairean a-màireach.*

Dubhan

Fionn MacCumhaill! Fionn MacCumhaill! Am bleigeard ud!
Chòrdadh e rium gu mòr a dhol a Hiort. Ach chan eil mi a' dol
ann còmhla ri Fionn!

Nighean

Ach Dad, tha Fionn, uill, caran snog...

Dubhan

Snog? Snog? SNOG? A bheil thu às do chiall, a nighean? Chan eil
mi a' dol ann! Agus sin deireadh na sgeòil.

Nighean

Ach, Dad. Tha e ag ràdh an seo gum feum sibh a dhol ann airson
a' phàirt eile den duais fhaighinn.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>



Dubhan

Eh?

Nighean

Tha e ag ràdh an seo ann an litrichean beaga gum faigh sibh mìle bonn òir ma thèid sibh air a' chuairt.

Dubhan

Hmm...

(*Fàgaidh sinn DUBHAN 's a NIGHEAN.*

SEALLADH 2

Thèid sinn gu taobh thall na stèidse far a bheil FIONN agus SEARBHANT a' leughadh litir.)

Searbhant

A charaid chòir. Gum meal sibh ur naidheachd! Tha sibh air duais air leth a bhuanachadh – turas a Hiort còmhla ri ur deagh charaid, Dubhan. Tha am bàta a' fàgail a' chidhe aig 10 uairean a-màireach.

Fionn

Dè? Dè? Carson a dh'fheumas mi a dhol air chuairt còmhla ris an amadan ud, Dubhan?

Searbhant

Uill, a mhaighstir Fhinn, tha e ag ràdh an seo gum feum sibh a dhol air a' chuairt ma tha sibh a' dol a dh'fhaighinn a' chòrr den duais.

Fionn

Eh? A bheil an còrr ann?

Searbhant

Tha. Tha e ag ràdh an seo gum faigh sibh mìle bonn òir ma thèid sibh air a' chuairt.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Fionn

Mile bonn òir? Hmm...

SEALLADH 3

(*Thig na “CINNIDHEAN” air an stèidse bho gach taobh is coinnichidh iad ann an dà loidhne a’ coimhead air a chèile.*)

Dubhan

Huh! Bha mi an dòchas nach nochdadadh sibh.

Fionn

Aidh, uill. Tha sinn an seo. Agus cha leig sinne a leas a bhith a’ bruidhinn ri chèile. Coimheadaidh sinn air na seallaidhean àlainn is cumaidh sinn air falbh bho chèile.

(*NIGHEAN DHUBHAIN a’ feuchainn ri priobadh air FIONN*)

Dubhan

Ceart. Tha mise toilichte le sin.

(*Suidhidh iad uile air an stèidse, a’ leigeil orra gur ann air bàta a tha iad.*

SEALLADH 4

(*Às dèidh beagan dhiogan, tòisichidh am “bàta” a’ fàs luasganach, is bidh cuid de na SAIGHDEARAN a’ cur a-mach.*)

Nighean

Tha i a’ fàs stoirmeil, nach eil?

Dubhan

Tha beagan, aidh. Chan eil na balaich a’ coimhead uabhasach toilichte, a bheil?

(*barrachd SHAIGHDEARAN a’ cur a-mach*)

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Fionn

(*ris na saighdearan aige*)

Chan eil i a' fàs nas fheàrr, a bheil?

(*Tòisichidh na SAIGHDEARAN is CEANNARDAN air a bhith gan tilgeil mun cuairt.*

Thig na CEANNARDAN ri chèile ann am meadhan na stèidse.)

Dubhan

(*ri FIONN*)

Chan eil am bàta seo mòr gu leòr. Feumaidh na saighdearan agadsa a' leum thar na cliathaich!

Fionn

Carson a dh'fheumas na saighdearan agamsa sin a dhèanamh?

Dubhan

Chan urrainn dhuinne snàmh!

Fionn

Ma thogair!

(*ris na daoine aige*)

Siuthadaibh, fhearaibh. Cuiribh dhan t-sàl iad!

(*Freagraidh na SAIGHDEARAN e le osna is barrachd diobhaint.*)

Dubhan

Uill, feumaidh sinn rudeigin a dhèanamh!

(*Tòisichidh e a' sporghail còmhla ri FIONN*)

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Nighean

Sguiribh! Chan eil sin a' dol gar cuideachadh! Ach tha beachd agamsa!

Dubhan

Dè?

Nighean

Tha sibh ceart, athair. Feumaidh daoine a dhol don mhuir.
Ach tha beachd agamsa air dòigh gus daoine a thaghadh a tha cothromach do chàch.

Fionn

Seall dhuinn!

Nighean

Ceart! Tha mi a' dol a chur a h-uile duine nan suidhe ann an clearcall, ach feumaidh sibh èisteachd rium! Aon uair 's gum bi a h-uile duine nan suidhe, cunntaidh mi a-mach air àireamh a naoi iad, is feumaidh na daoine sin a dhol a shnàmh.

(*Tòisichidh AN NIGHEAN a' cur nan SAIGHDEARAN nan suidhe.*)

Ceathrar o Phionn
Cuiridh mi nan suidhe
Còignear às an dèidh sin
De na saighdearan aig Dubhan

Dithis eile bho MhacCumhaill
Leanaidh mi le fear o Dhubhan
Triùir bho Phionn às an dèidh sin
Fear o Dhubhan, thig a shuidhe

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>



Fionn MacCumhaill fhèin an uair sin
Is ga leantainn, dithis dhubha
Dithis eile às an dèidh-san
De chuideachd an fhir mhòir, MacCumhaill

Dubhan fhèin thig an uair sin
Aon duine dubh air gach taobh dheth
Aon bho Fhionn, dithis bho Dhubhan
Dithis bho Fhionn 's bho Dhubhan, aonan.

Dubhan Uill bha suid glè shnog, a nighean, ach dè feum a tha e a' dol a dhèanamh dhuinne...?

Nighean Istibh, athair! Nise, a h-uile naoidheamh fear.

(Tòisichidh i a' cunntadh a-mach nam fear air àireamh a naoi, is gan cur don uisge (far na stèidse.)

Mu dheireadh, cha bhi air fhàgail ach FIONN, a chuid SHAIGHDEARAN is DUBHAN fhèin.)

Nighean Tha mi duilich, athair, ach feumaidh sibhse a dhol a bhruidhinn ris na h-èisg...

(Beiridh i air a h-athair)

Fionn Stad! Na dèan sin! Tha thu air gu leòr a dhèanamh mar-thà! Seall – chan eil i idir cho garbh 's a bha i. Tha sinn sàbhailte.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Dubhan A nighean! Carson a chuir thu ar saighdearan dhan mhuir? Is carson a bha thu a' dol gam chur-sa dhan mhuir?

Nighean Tha mi duilich, athair, ach...

(*a' coimhead air FIONN*)

... tha mi ann an gaol ri Fionn. Is cha robh mi a' smaoineachadh gun leigeadh sibh leinn a bhith còmhla.

Dubhan (*às dèidh dha smaoineachadh airson diog no dhà*)

Uill, shàbhail e mo bheatha. Is shàbhail thusa a h-uile duine a tha air bàrd. Ma tha sibh airson a bhith còmhla, tha mi toilichte.

Fionn Tapadh leatsa, a Dhubhain. Agus seall – tha sinn ann an Hiort!

SEALLADH 5

(*air tìr ann an Hiort*

SAIGHDEARAN a' coiseachd mun cuairt, a' togail dhealbhan msaa.

FIONN agus NIGHEAN a' seasamh còmhla, a' bruidhinn ri DUBHAN)

Dubhan Nach math gun do lorg sibh ministear! Agus mealaibh ur naidheachd a-rithist! Tha sibh pòsta!

Nighean Tapadh leibh, athair. Nise, cuin a tha am bàta a' falbh?

Fionn Tha ann an còig mionaidean!

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Nighean

Thugainn ma-thà.

(*a' coimhead a-mach*)

Hmm. Tha i a' coimhead car stoirmeil a-rithist.

(*Coimheadaидh FIONN is DUBHAN air a chèile*)

Fionn agus Dubhan

Err ... gheibh sinn bàta nas mothà. Thugainn!

A' CHRÌOCH

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

